



H.M. 301.











*Cogadh mòr na h-Eòrpa*

---

Deagh Mhisneachd do na  
Dìobarraich

C. H. SPURGEON



Agus gabhaibh  
clogad  
na slàinte.

Iadsan a théid sìos  
do'n fhairge air longan;  
Chi iadsan gnìomharan  
Iehobhah.

Dhia beannaich ar Rìgh

Cò sgaras sinn o ghràdh Chrìosd? *an dean* trioblaid, no àmhghar, no geur-leanmhuinn, no gorta, no lomhnochduidh, no cunnart, no claidheamh?

Ni h-eadh, ach anns na nithibh sin uile tha sinn a' toirt tuilleadh agus buaidh, trid-san a ghràdhaich sinn.

Oir tha dearbh-bheachd agam, nach bi bàs, no beatha, no aingil, no uachdaranachda, no cumhachda, no nithe a tha làthair, no nithe a tha ri teachd,

No àirde, no doimhne, no creutar sam bith eile, comasach air sinne a sgaradh o ghràdh Dhé a tha ann an Iosa Chrìosd ar Tighearna.

*Rom. viii. 35, 37-39*

Agus chi iad 'aghaidh; agus bithidh 'ainm-san air clàr an eudain.

*Taisb. xxii. 4.*



*Cogadh mòr na h-Eòrpa*

---

# Deagh Mhisneachd do na Dìobarraich

C. H. SPURGEON



*Printed by* OLIVER AND BOYD, Edinburgh, *for*  
The Church of Scotland,  
The United Free Church of Scotland, and  
The Free Church of Scotland

*This Sermon is translated by kind permission  
of Marshall Bros., London and Edinburgh,  
and printed under authority of a Joint-  
Committee of the Churches, for the use of  
Highland Sailors and Soldiers in H.M.'s  
Service.*



**LAURISTON CASTLE  
LIBRARY ACCESSION**

*A sheòldairean agus a shaighdeirean  
Gàidhealach !*

ANN an ainm an Tighearna Iosa Crìosd, Prionnsa na sìthe, tha sinn a' cur fàilte oirbh.

Mar chinn-suidhe thrì eaglaisean a tha searmonachadh an t-soisgeil anns a' Ghàidhlig, dh'iarradh sinn a dheanamh dearbhta dhuibh gu bheil ùrnuighean ar coimhthionalan a ghnàth a' dol suas as bhur leth. Gu 'n robh Dia 'n a sgiath dhuibh ann an là a' chunnairt, a' tabhairt duibh foighidinn agus neart an làithean feithimh agus faire, buaidh ann an là a' chatha, agus gu 'n gabhadh e thuige féin sibh an uair a' bhàis! An lorg bhur fulangais agus bhur féin-iobradh gu 'n robh sìth le ceartas air a stéidheachadh air an talamh, an ùin gun a bhi fada!

Cha 'n 'eil ceàrna de 'n t-saoghal air nach do dhrùidh fuil uasal nan saighdeirean Gàidhealach, anns na làithean a dh'fhalbh, 's iad a' cathachadh as leth rìgh agus dùthcha. Thug sibh dearbhadh mu thràth, anns a' chogadh so, gur mic sibh a tha airidh air cliù bhur sinnsireachd. Tha sinn a' toirt buidheachas do Dhia air bhur son. Ma

thig a' ghairm oirbh gu triall as a so, cuiribh bhur n-aghaidh air a' bhàs mar dheagh shaighdeirean Iosa Crìosd ; ach ma 's e rùn an Tighearna, sibh a thighinn dachaidh fa-dheòidh gu bhur tìr agus bhur dàimhean caithibh aimsir bhur beatha mar dheagh shaighdeirean Iosa Crìosd.

Mar dhuinne is amhluidh dhuibhse, cha 'n 'eil ann ach aon tearmunn, eadhon Dia. A mhàin cuireamaid so 'n 'ur cuimhne :

'S fearr na bhi 'g earbs' á duine beo  
Ar dòchas chur an Dia ;  
'S fearr na bhi 'g earbs' á prionnsaibh mòr  
Ar dòchas chur 's an Triath.

Is sinn,

bhur seirbhisich anns an Tighearna Iosa Crìosd.

*David Paul, D.D., LL.D.*

*Ceann-suidhe Eaglais na h-Alba.*

*Alex. R. MacLennan, D.D.*

*Ceann-suidhe na h-Eaglais Shaoir Aonaichte.*

*J. MacDonald.*

*Ceann-suidhe na h-Eaglais Shaoir.*

# DEAGH MHSNEACHD DO NA DÌOBARRAICH

*Cruinnichidh e ri chèile dìobarraich Israeil. — SALM  
cxlvii. 2.*

NACH 'eil so a' sealltuinn dhuinn caomhalachd mòr agus tròcair neo-chriochnach Dhé? Mar is aithne dhuinn Dia na 's fhearr ann am pearsa ar Tighearna Iosa Criosd nach bu chòir dha bhì 'n a aobhar aoibhneis dhuinn nach ann a chum rìghrean agus prionnsachan na talmhainn a thainig e ach a chum na muinntir iriosal agus iosal? Cha do rinn e lorg air Pharisich, a bha air an sgeadachadh mar a shaoil leò 'n am fireantachd féin, ach na ciontaich, oir thuirt e, “Cha 'n e mhuinntir shlàn a tha cur feum air an leighiche ach iadsan a tha tinn.” Thainig Mac an duine a dh' iarraidh a ni sin a bha cailte. Cha bhiodh e mì-nàdurach gu 'n iarradh an Tighearna Iosa an toiseach, air dha thighinn do 'n t-saoghal, a dh'ionnsuidh na muinntir a b'uaisle a bha r'am faotainn, agus

## Deagh Mhisneachd

gu'n cuireadh e theachdaireachd a dh'ionnsuidh Ràbbidhean Ierusalem, Morairean na Ròimh, agus Pheallsanaich na Gréige. Ach an àite sin, chuala an sluagh coitchionn e gu toileach, agus rinn e gàirdeachas 'n a spiorad 's e ag radh, "Tha mi toirt buidheachais dhuit, O Athair, Tighearna néimh agus na talmhainn, a chionn gu 'n d'fhalaich thu na nithean so air daoine glic agus eagnaigh, agus gu'n d'fhoillsich thu e do leanb-aibh. Seadh, Athair: Oir bha sin iomchuidh 'n a do shealladh-sa."

Tha mi an dùil gu faodar cliù neach a mheas a réir cliù na muinntir anns a bheil e gabhail tlachd. Ma chì thu fear 's e ag iarraidh a bhi ann an spéis aig daoine mòra bi cinnteach gu bheil crìochan féineil aige anns an amharc; ach ma chì thu fear 's e ag iarraidh a bhi ann an spéis aig muinntir nach urrainn ni sam bith a dheanamh air a shon—muinntir dh' am feum e fhéin na h-uile ni a chur gu buil—tha thu deimhin gur e fìor dheagh-ghean a tha gluasad a chridhe. An uair a tha mi leughadh anns a' cheann-theagasg gu bheil an Tighearna a' cruinneachadh dìobarraich Israeil, agus an uair a tha mi faicinn cho fìor 's a tha sin a thaobh an Tighearna, Iosa Crìosd—chionn gur e sin an dearbh ni a rinn e—tha mi faicinn dearbh-

## Do na Dìobarraich

adh eile air caomhalachd a chridhe-san a thuir, “Gabhaibh mo chuingse oirbh, oir tha mise iriosal agus macanta an cridhe, agus gheibh sibh fois do bhur n-anamaibh.” Bibh aoibhneach a nochd, a chàirdean ionmhuinn, gu bheil sinn a’ cruinneachadh timchioll air Slànuighear mar so, a tha cho falamh de uail agus de shannt, agus, air dha thighinn ’n ar measg an caomhalachd agus am macantachd, a thainig a chruinneachadh na muinntir sin mu nach ’eil cùram air neach sam bith—muinntir a tha air am meas gun luach agus an taobh a muigh de chobhair. Thainig e a chruinneachadh dìobarraich Israeil.

A’ co-chur na h-earrann so ri ar Tighearna Iosa Criosd tha sinn a’ faicinn, cha ’n e mhàin a chaomhalachd ach dearbhadh soilleir air a ghràdh do dhaoine, mar dhaoine. Ma tha thu ag iarraidh as deidh dhaoine beartach tha amharus—agus barrachd air amharus—gur e an saoibhreas a tha thu ag iarraidh agus nach e iad fhéin. Ma tha thu gnìomhach a chum buannachd dhaoine glic tha e coltach gur e an gliocas a tha ’g ad tharruing agus nach e an daonnachd. Ach cha b’ann air son buannachd sam bith no air son buaidhean ion-mholta sam bith a bha timchioll orra a ghràdhaich an Tighearna Iosa daoine : ghràdhaich

# Deagh Mhisneachd

e iad mar dhaoine. Ghràdhaich e a shluagh taghta fhéin mar dhaoine agus cha b' ann air son so no sud. Cha 'n 'eil spéis aige do inbhe no meas air beartas. Tha duine 'n a dhuine an sealladh Iosa co dhiùbh tha “cùinneadh a' ghini” air no nach 'eil. Bhàsaich e—cha b' ann air son tiodal no greadhnachas—ach air son *dhaoine*. “Cha 'n e 'ur cuid ach *sibh fhéin*,” dh' fhaodadh ar Tighearna Iosa a radh da-rìreadh. Far a faic Iosa Criosd duine—biodh e 'n a dhìobarrach, fo'n choill, fo dhìteadh lagh a dhùthcha—tha e faicinn creutar dhe 'n chinne-daonna — creutar a tha comasach air peacadh uamhasach agus truaighe eagallach—gidheadh creutar a tha comasach tre ghràs air glòir iongantach a chur air an Ti as Àirde. An uair a tha ar Tighearna Iosa Criosd a' cruinneachadh nan dìobarrach tha e toirt dearbhadh soilleir nach e na nithean a bhuineas do dhaoine ach na daoine fhéin air a bheil e cur meas.—Cha 'n e *an t-àite* anns am faod e bhi ach a *ni a tha* e ; cha 'n e a *ni a dh' fhoghlum* e, no a *ni thatar a' saoil sinn dheth*, no a *ni a rinn* e, ach a *ni a tha* e. Is e an duine an t-seud, an t-anam neo-bhàsmhor an neamhnuid ro-luachmhor, a tha Iosa ag iarraidh mar a bha an ceannaiche a bha ag iarraidh neamhnuidean maiseach.



## Do na Diobarraich

Tha ni eile soilleir mar an ceudna. Ma tha Iosa a' cruinneachadh diobarraich Israeil, tha sin a' dearbhadh a chumhachd thairis air cridheachan dhaoine. Tha cuid ann a leanas a ni a tha maith gu modhannail a chionn gu 'n d' bhuilich Dia orra gné uasal. Buidheachas do Dhia b' e dheagh thoil a réir a thròcair miann as deidh a ni a tha fìor agus maiseach a bhuileachadh air cuid a dhaoine. Is ceannaichean iadsan cuideachd a tha ag iarraidh neamhnuidean maiseach, agus cha 'n 'eil e duilich do chridheachan a tha 'n a leithid sin a shuidheachadh a bhi air an tarruing leis a' mhaise a tha ann an Iosa Criosd. Ach so far a bheil strìth nan gaisgeach: Tha cuid ann a tha cho domhain ann an cionta agus an truailleachd nàduir agus nach 'eil am miann as lugha annta as deidh a ni a tha maith—'s ann a tha an uile mhiann as deidh an uile—an uile a mhàin—agus sin an còmhnuidh. Cha 'n 'eil sian a shùil aca do ni sam bith a tha àrd agus uasal na 's mò na tha aig a' mhuic do na reultan. Faodaidh ministear Chrìosd ìmpidh a chur orra ach 's e saothir fhàs a bhios aige. Faodaidh freasdal rabhadh a thoirt daibh le bàs muinntir eile agus le tinneas orra fhéin ach cha'n 'eil iadsan gu bhi air an sgaradh o 'n talamh ris a bheil iad air an glaodhadh.

## Deagh Mhisneachd

Gidheadh is urrainn ar Tighearna Iosa eadhon a' mhuinntir sin a chruinneachadh—diobarraich Israeil. Tha leithid a chumhachd aige 's nach stad e gus a faic e miann mhaith ann an daoine—gus an cuir e miann mhaith far nach 'eil i. Tha leithid a thlachd 'n a chrann-ceusaidh 's gu bheil eadhon na sùilean dalla air an toirt gu bhi faicinn a mhaise; tha leithid a cheòl 'n a ghuth 's gu bheil na cluasan bodhar air an toirt gu bhi cluinntinn a bhinneas; tha leithid a rioghalachd 'n a bheatha 's gu bheil na mairbh air an toirt gu bhi cluinntinn a ghuth, agus tha iadsan a chluinneas air an toirt beò. Cha'n 'eil feum air bunait maitheis a bhi ann an duine a chum gu 'n tòisich Criosd a' togail air: tha e gabhail an duine 'n a staid chailte—ann an doimhneachd a thruaillidheachd—agus tha e tòiseachadh air ann an sin. An uair a thainig an Samaritanach truasail far an robh an duine a bha air a leòn cha d'fhuirich e gus an d'iarr an duine d'a ionnsuidh an toiseach, ach thainig esan far an robh e agus dhòirt e an ola agus am fìon 'n a lotan. Is ann mar sin a tha an Tighearna tighinn far a bheil an duine, agus, truagh 's mar a tha a chor, tha e a' cromadh ris agus a' cruinneachadh diobarraich Israeil. O, iongantais a ni tha so—gu'm biodh buaidh-tharruing air an

## Do na Dìobarraich

'Tighearna Iosa Crìosd a tharruingeas d'a ionnsuidh a' mhuinntir sin a tha marbh do na h-uile buaidh eile. Faodaidh tu subhailc a shearmonachadh do'n pheacach, ach cha toir e gnùis d' a maise. Faodaidh tu òirdhearcas na h-onoir agus gach subhailc agus maise a shearmonachadh do'n drungair agus do'n duine neò-ghlan agus cha'n fhaigh thu luach do shaoithreach. Faodaidh tu ceòl glé bhinn a dheanamh air na teudan sin ach tha na naitrichean bodhar ud coma mu cheòl. Chualasinn mu dhiadhaire àraidh a thuir gu 'n do shearmonaich e onoir gus nach robh duine onorach aige 'n a sgìre—gu'n do shearmonaich e subhailc gus nach lorgadh *Diogenes* i le lanntair. Cha'n 'eil ni as fhiach a ghabhail ri fhaotainn an uair nach 'eil Crìosd anns an t-searmon. Eisdidh an duine as aingidh ri sgeula air-san a tha comasach air teàrnadh gu h-iomlan a' mhuinntir a thig a dh'ionnsuidh Dhé trìd-san. Chunnacas an fheadhainn bu chruaidhe a' gul 's iad ag éisdeachd ri sgeula amhghair-san agus a ghràidh. Fhuair an fheadhainn a b'uaibhrich iad fhéin a' tuiteam gu h-obann aig a chasan—tha cuid againn 'n ar fianuisean air a sin, oir b'ioghnadh leinn mar a leagh ar cruadh-as agus mar a luidh ar n-uabhar air ball le mothachadh air a mhaitheas. Cha 'n 'eil mi

## Deagh Mhisneachd

creidsinn gu bheil a leth no a dheich uiread a chreidimh againne mar mhinisteirean ann an Criosd 's a bu chòir a bhi againn. Na searmonaicheadh sinn Iosa Criosd do bhuidheann phrìosonach am biodh sinn am mearachd dòchas a bhi againn gu 'm biodh a' chuid mhòr dhiubh air an iompachadh an làrach nam bonn? Na 'm biodh againn creidimh gu leòir gu searmonachadh dhaibh mar bu chòir dhuinn, le sùil dhìreach, ghlàn, chreidmheach, ri an anamaibh nach fhaodadh dùil a bhi againn ri toraidhean mòra? Tha sinn a' dol timchioll air ar gnothuich cho socharach agus cho làn de theagamh. Tha sinn ag urnuigh gu 'n saoradh Dia *cuid* 'n ar coimhthionalan, agus gu'm b' e thoil gu 'm beannaicheadh e am facal an so 's an sud. Cha bu chòir Soisgeul cho glòrmhor 's a tha againn r'a shearmonachadh a bhi air a shearmonachadh mar sin, no a bhi ag urnuigh air a shon air an dòigh sin. An uair a thog Maois a' nathair anns an fhàsach cha b'ann le urnuigh mar so: "A Thighearna deònaich gu 'm bi fear no dithis dhe'n mhuinntir a tha air an lot leis na naithrichean a' sealltainn agus gu 'm mair iad beò." Thainig Maois a mach gu dàna leis a' nathair gu h-àrd air a' chrann. Chreid e gu 'n sealladh na mìltean agus gu'm biodh iad beò.

## Do na Dìobarraich

Na searmonaicheadh sinne air an dòigh cheudna IOSA, a “chruinnicheas dìobarraich Israeil!”

Bheir sinn fainear an toiseach co dhà bhuinneas an ceann-teagasg so—*dìobarraich Israeil*; Agus a ris: Dé an seadh anns a bheil e 'g an cruinneachadh; agus anns an treas àite; Dé an leasan a tha so a' teagasg dhuinn.

I. An toiseach, ma tha, CO DHÀ BHUINNEAS AN CEANN-TEAGASG—“*dìobarraich Israeil?*” Buinidh so do iomadh seòrsa air iomadh dòigh.

Chruinnich an Tighearna Iosa cuid dhe 'n *fheadhainn bu bhochda agus bu tàireil* am measg dhaoine—muintir a bha ann an seadhan àraidh 'n an dìobarraich; agus tha e fìor gus an là an diugh gu bheil an soisgeul a' tighinn leis an tomhais as mò de chumhachd gu bochdan an t-saoghail so. Is tric cuideachd a tha e tighinn le cumhachd anabarrach gu cuid a tha fo thàir aig muintir eile. Tha fhios agaibh gu bheil nàimhdean an t-soisgeil aig an àm so a' cumail a mach le uail gu bheil foghlum, agus eanchainn, geurchuis agus sgoileireachd, Shasuinn air taobh an neo-chreidimh. Cha 'n 'eil mi cho cinnteach. Cha 'n 'eil mi cho cinnteach, an uair a their daoine gu bheil tachdar eanchainn aca fhéin, gu bheil an fhirinn aca, mur a faod e bhì gur ann mar a tha

## Deagh Mhisneachd

tachdar eanchainn an ceann caorach, ged nach i an creutar as glìce 'san t-saoghal. Cha 'n 'eil mi cho cinnteach gu bheil an irioslachd gu léir aig na h-uaislibh a tha gabhail orra gur ann aca fhéin a tha an t-oilean, a' mhìsleachd, an solus gu léir. Saoilidh mi gu 'm biodh e cheart cho maith dhaibh a bhi labhairt air teud a b'isle. Na 'm biodh na bu lugha aca ri radh mu 'n oilean fhéin agus barrachd mu mhuinntir eile bhiodh barrachd creideas againn 'n an cuid "oilean." Tha cuid againn nach d' fhuair mòran dhe'n smuain dhomhain, dhe 'n sgoileireachd fharsuinn, ann an leabhraichean luchd-àicheadh, no mòr-oideachadh, ged a tha iad fhéin a' cumail a mach gu bheil iad làn dheth; agus air an aobhar sin tha na 's lugha a dh'fhoìdhidinn againn ri ra-spars ar nàimhdean. Ach abair gur ann mar sin a tha cùisean: nach 'eil duine ag aideachadh na diadhachd sheanfhasanta ach an sluagh borb—an diadhachd "chumang" a tha iad dhe 'n bheachd a bhi an ion 's a bhi marbh—an t-seana theagasg soisgeulach air a bheil iad a' fanoid mar ni a chaill a bhrìgh. Abair nach 'eil annainn ach sluagh bochd air bheag eanchainn, agus mar sin. Cha chaill sinn misneachd a dh'aindeon sin, oir tha cuimhne againn gu 'n robh gliocas an t-saoghail

## Do na Dìobarraich

an nàimhdeas ri Dia ann an là an t-Slanuighir, mar a bha e h-uile là o'n uair sin. Thachair e cuid-eachd gu 'n robh aimideachd Dhé na bu ghlice na daoine, agus thug Dia gliocas dhaoine fo chis le aimideachd an t-searmonachaidh. Thug Dia gliocas feòlmhor gu neo-ni leis an dearbh shoisgeul ris an do rinn daoine glice gàire fanoid. Tha an Tighearna Iosa Criosd a' sealltuinn le gràdh ris a' mhuinntir air a bheil feadhainn a' sealltainn le tàir.

An t-amhlair ghabh is nochd e dhà  
A' mhiorbhuil tha an gràdh chrainn-cheus' ;  
A leagail gliocais uailleil àrd,  
'S chur smachd air àrdan breun.

Tha mi toirt buidheachais an uair a chì mi naoimh bhochd, agus a chì mi an gréim a tha daoine agus mnathan iriosal a' faotainn air geallaidhean Dhé. Is tric a tha luchd-cosnaidh, buachaillean iriosal agus an seòrsa, ainmeil air son doimhneachd breithneachaidh ann an diomhair-eachdan gràis na ollamhan tha foghlumta an diadhaireachd. Is tric a tha barrachd air a sheilbheachadh de làthaireachd Dhé far nach 'eil mòran anns a' phreas na am measg dhaoine mòra an t-saoghail. Faodaidh iad a' mhuinntir a tha dlùth-leantainn ri firinnean sean-fhasanta a mheas

## Deagh Mhisneachd

mar dhìobarraich o cho-fhlaitheachd nan sgolairean, agus neo-airidh air ainm am measg eanchainnean foghlumte an là, ach ma 's e 's gu 'n cruinnich an Tighearna sinn a ghnàth a steach ri bhroilleach, agus gu 'n riarach e ar n-anam le a làthaireachd fhéin faodaidh sinn a bhì làn-thoilichte. Bu chòir do 'n cheann-teagasg a bhì 'n a thobair aoibhneis dhuinn ma thachair dhuinn a bhì fìorbhochd—cho bochd 's gu faod eadhon criosduidhean a bhì cho fuar 's nach cuir iad fàilte oirnn anns an rathad mhòr, no ma thachair dhuinn a bhì fo thàir anns an teaghlach. Tha e tachart an so 's an sud, ged is nàr ri radh e, gu bheil ann an teaghlach neach a tha air fhuathachadh le bhràithrean a chionn gu bheil gràdh aige do Dhia—mar a bha Ioseph. Faodaidh tu bhì 'n a do choigreach do chloinn do mhàthar, agus faodaidh tu bhì gun charaid a chuireas facal maith a steach air do thaobh, ach gidheadh faodaidh tu an earrainn so a ghabhail mar ghréim milis fo do theangaidh—“cruinnichidh e dìobarraich Israeil.” Tha iadsan a tha na 's isle am barail dhaoine air chuimhne aig an Tighearna.

Buinidh an ceann-teagasg gu cothromach *dhaibhsan a rinn dìobarraich dhiubh fhéin le an cuid aingidheachd agus a thoill a bhì 'n an*



## Do na Dìobarraich

*dìobarraich o chuideachd dhaoine.* Gu 'n deònaich Dia nach 'eil neach an so dh' am buin an cliù sin; ach ma bhuinneas tha facal agam dhaibh. Ma tha cuid an so a nochd nach 'eil tric 's an tigh-aoraidh, ach a thionndaidh a steach le neònachas, faodaidh mi ghabhail ris gu bheil sibh air muinntir a bhris cridhe am màthar agus a thug falt liath an athar le bròn chum na h-uaghach. Chaith thu do bheatha air a leithid a dhòigh 's nach iognadh ged nach aidich do bhràithrean thu. Pheacaich thu, agus pheacaich thu gu h-oillteil. A dhuine no a bhean—oir tha boirionnaich cuideachd 'n an dìobarraich, mar is tric air an tionndadh a mach 'n an dìobarraich na 's mò na na fir a thoill e na's mò na iadsan — ma tha mi labhairt ri leithid so tha e 'n a ghàirdeachas mòr leam fhios a bhi agam gu bheil ar Tighearna Iosa Crìosd comasach air an t-aingidh as mò am measg nan aingidh a theàrnadh—a' neach as doimhne thuit dhiubhsan a thuit—a' neach as truailidh dhiubhsan a tha truailidh. Ma thuit thu cho domhain 's nach 'eil mòran ri roghnachadh eadar thu féin agus diabhl—agus tha daoine agus mnathan a' tuiteam cho iosal sin—gidheadh 's urrainn Iosa Crìosd do thogail an àirde. Ma tha sgeula do bheatha cho truagh 's gu'm

## Deagh Mhisneachd

bu bhoichd a thoirt gu solus, agus ro-bhrònach gu'm biodh e riamh air a chur an gnìomh, gidheadh is urrainn Iosa do ghlanadh o gach smal agus do theàrnadh, eadhon thusa. 'S dòcha nach 'eil ach aon neach dhe 'n t-seòrsa an so a nochd, ach cha ghabh mi leisgeul a chionn m' uile smuaintean a chruinneachadh air an aon anam sin. Tha mi fàgail na naoi deug 's an ceithir fichead gus a dhol an deidh na h-aona chaora chailte, a chum gu faoillsichear 's an aon a bha cailte saobhreas agus saorsa gràis Dé ann an Iosa Crìosd. Thig, uime sin, a dhìobarraich, thig gu d' Fhear-saoraidh agus gabh ri maitheanas. “Ged robh 'ur peacaidhean mar scàrlaid bidh iad mar a' sneachda: ged robh iad dearg mar chorcur bidh iad mar an olainn.” Tha Iosa comasach air gach eucairt, a ghlanadh dhiùbhsan a tha air am bogadh ann an cionta. Tha aingidheachdan gun àireamh a' leaghadh as agus a' dol á sealladh roimh làthaireachd a ghràidh ro-chumhachdach, oir tha esan, eadhon Iosa a' cruinneachadh dìobarraich Israeil. Nach 'eil fear-cobhair air thalamh? Gidheadh tha fear air néimh. Nach 'eil caraid a bhos? Gidheadh tha fear shuas. Nach 'eil ni idir a theàrnas tu? A bheil thu cur romhad làmh a chur 'n a do bheatha? Stad.

## Do na Dìobarraich

Cum do làmh air ais, oir tha Iosa “comasach air teàrnadh gu h-iomlan — iadsan as fhaide as— iadsan a thig a dh’ ionnsuidh Dhé trìd-san.” Cuir suas an urnuigh, “Dhia dean tròcair ormsa am peacach”; agus gabh do rathad le dòchas ’n a d’ anam, oir “tha e cruinneachadh dìobarraich Israeil.”

Tha cuid eile ann *a tha ’g am meas fhéin ’n an dìobarraich* ged nach coisinn an cliù follaiseach sin dhaibh. Tha iongantas air mòran, a tha sgrìobhadh mu Iain Bunian, an cliù a tha e toirt air fhéin, oir, a bharr air cainnt thoibheumach, cha’n ’eil ni a tha toirt fianuis gu’n robh e air fear cho dona ’s a bha measg dhaoine; ach mheas e fhéin gu’n robh. Nis, is tric a tha e tachart— cha’n ’eil mi ag radh gu bheil e mar sin an comhnuidh, ged is e mo bheachd gu bheil e bitheanta—an uair a tha Spiorad Dhé a’ tighinn le cumhachd chum na coguis agus ’g a dùsgadh, gu bheil an duine ’g a mheas fhéin ’n a cheann-feadhna nam peacach. Faodaidh e bhi nach do chleachd thu riamh peacadh follaiseach — cha robh thu riamh ’n a d’fhear-toibheum no as-onorach; an àite sin ’s ann a bha thu, a riamh o fhuair thu oilean ’n a do leanabh, air do threòrachadh an ceuman na firinn—agus gidheadh

## Deagh Mhisneachd

an uair a tha thu air do dhùsgadh tha thu mothachadh gur tu as truaighe dhe na h-uile dhaoine. Bha gach ni a tha maiseach agus fo dheagh chliù air fhaotainn annad—cha chuimhne leat uair 's nach biodh tu air do ghairseachadh le facal toibheumach—agus a dh' aindeon sin an uair a tha thu air do beothachadh leis a' Spiorad Naomh togaidh tu d'àite am measg na muinntir as miosa. Tha fhios agam dhe mo thaobh fhéin gu 'n robh gràin agam air ain-diadhachd, agus gidheadh an uair a thàinig Spiorad Dhé orm shaoil mi mi fheìn mòran na bu mhiosa na fear na mionnan agus an drungair, agus sin a chionn gu 'n robh fhios agam gu 'n robh mòran ciontach dhe na peacaidhean follaiseach ud tre aineolas—tre dhroch eisimpleir na cuideachd a bha iad a' leantuinn—ach dhe mo thaobh-sa, 's pàrantan diadhaidh agam, ùrnuighean agus deòir màthar, am Biobull 'g a leughadh o m' òige, shaoil mi gu 'n robh mo pheacaidhean mòran na bu duibhe na peacaidhean chàich, a chionn gu 'n robh mi peacachadh an aghaidh soluis agus eòlais. Agus tha mi cinnteach gu'n d'fhairich thusa an ni ceudna—'s dòcha gu bheil thu 'g a fhaireachdan eadhon a nis. Tha thu cuimhneachadh an oidhche ud a mhùch thu dearbhadh peacaidh, an uair

## Do na Dìobarraich

a bha baiteal eadar thu féin agus do choguis, agus a bha e coltach gu feumadh tu géill a thoirt do Dhia agus do Chrìosd, ach le do làn thoil rinn thu ainneart air a' bheò-ghluasad a bha 's an taobh a stigh agus chuir thu d'aghaidh air tuilleadh peacaidh. A bheil cuimhne agad air a sud? Ma tha cuiridh e an gath annad mar a' nathair 's tu nis fo dhearbhadh coguis, agus a chionn sin tha mothachadh agad ort fhéin mar cheann-feadhna nam peacach ged nach do chuir peacadh follaiseach smal riamh ort. Ma 's e sin do chor cha 'n iognadh leam ged a mheasadh tusa cuideachd nach 'eil slàinte air do shon—gu faod Dia do mhàthair, do bhràthair, do charaid, a theàrnadh ach nach urrainn e thusa theàrnadh. Tha thu creidsinn gu bheil fuil Iosa glé luachmhor ach tha thu smaoinichadh nach bi i chaoidh air a càradh ortsa. Chuala tu an là roimhe mu iompachadh caraid agus chuir e toileachadh ort, ach aig a' cheart am smaoinich thu, “cha tig gràs a chaoidh mo rathad-sa.” An uair a bha a' ministear ag earalachadh a luchd-éisdeachd iad a chreidsinn ann an Iosa Crìosd 's e thuirt thusa, “Ah mise—cha 'n urrainn mise. Tha mi ann an suidheachadh nach dean an soisgeul sin feum sam bith dhomh.” Tha thu do mheas fhéin



## Deagh Mhisneachd

mar dhìobarrach. Tha thu saòilsinn gu 'n thoill thu e. Cha mhaith leat thu bhì cailte agus gidheadh cha chuir thu choire air Dia ged a dh'fhàgadh e thu gu bhì cailte gu sìorruidh. Tha thu mothachadh gu bheil d'eu-ceartan cho mòr agus ged a dh'fhàgadh e thu an taobh a muigh de rùintean gràis nach b'urruinn duit ach do cheann a chromadh ann an searbas do bhròin agus a radh, "Tha thusa cothromach, O Dhé." Nis éisd, O thusa a tha 'g a do dhìtheadh fhéin, tha Dia 'g a do chur saor. Thusa a tha 'g a do dhùnadh fhéin a mach mar dhìobarrach, bidh tu air do ghabhail a steach; oir air dhuit a bhì air do shloinneadh mar dhìobarrach 's gun aon neach an tòir ort their an Tighearna riut Hephshibah, oir tha a thlachd annad. A mhàin creid ann an Iosa Crìosd agus tilg thu féin air-san.

Is e dìobarraich dhe 'n t-seòrsa so as toileach a bheil di-bheatha do Chrìosd. Sluagh aig nach 'eil àite eile dh' an téid iad ach thuige-san—sluagh a tha air an leagail cho iosal, cho làn de pheacadh, 's de na h-uile nì eile ach a nì bu chòir dhaibh a bhì—sin an sluagh dh' a bheil Crìosd ro-luach-mhor. "Ach Oh!" tha neach ag radh, "cha 'n 'eil mise a' faireachdan mar sin. Cha 'n 'eil mi mothachadh mo chionta mar bu chòir dhomh."

## Do na Dìobarraich

Ma 's ann mar sin a thà, tha thu 'n a do dhiòbarrach am measg nan dìobarrach—cha 'n 'eil thu 'g a do mheas fhéin cho maith riu-san eadhon. Tha thu 'n a do bharail fhéin 'n a do dhìobarrach na 's mò na càch a chionn nach 'eil faireachdan agad air d'fheum. Tha thu ag radh, “tha cridhe cruaidh agam. Cha'n urrainn mi peacadh fhaicinn mar a tha feadhainn eile 'g a fhaicinn a fhuair Criosd—b'aill leam gu'm b'urrainn. Tha mi bualadh mo bhroillich agus a' caoidh nach urrainn mi caoidh, oir ma tha faireachdan idir agam 's e pian a chionn nach urrainn mi faireachdain. Tha mi mar gu'm bidhinn air mo dheanamh de stàilinn air a cruadhachadh ann an ifrinn nach leagh 's nach bris.” Seadh tha mi a' faicinn a ni a tha thu, ach “b'ann mar sin a bha cuid againn.”—Tha fhios againn air do neo-mhothachadh agus b'e ar bròn nach b'urrainn sinn bròn a dheanamh. Ach chruinnich e sinn, agus sud agad am facal, “Tha e cruinneachadh dìobarraich Israeil.” Mur 'eil cridhe briste agad 's e Criosd a mhàin a bheir dhuit e. Mur a h-urrainn dhuit a thighinn thuige leis a' chridhe bhriste thig d' a ionnsuidh a dh' iarraidh cridhe briste. Mur a h-urrainn dhuit a thighinn leòinte thig d'a ionnsuidh gus a leòn e thu agus an dean e do leigheas. Cha ruig thu

## Deagh Mhisneachd

leas nì a thoirt dh' ionnsuidh Iosa. Bu mhaith leam an sanas so a chur 'n a do chluais: Gu bheil a' mhuinntir a tha 'g am faotainn fhéin neo-mhothachail 'g am faireachdinn fhéin mar sin a chionn am faireachdan a bhi na's beotha na 'n àbhais—agus gur e iadsan a tha 'n dùil nach èil mothachadh aca as mò mothachaidh. Cha'n e mo bharail gur deagh bhreithimhean sinn air ar mothachadh fhéin anns a' chùis so. Faodaidh gu 'n tig an là 's an abair thu, le sùil as do dheidh, “Bha mi fo bhròn air son peacaidh an uair a bha dùil agam nach robh—bha leithid a mhothachadh agam air cho dubh 's a bha e 's gu'n shaoil mi nach robh bròn gu leòir orm air a shon eadhon an uair a bha mi fo eallach bròin.” A bhràthair, cha dean thu bròn gu leòir a chaoidh. Gu leòr! Am bu leòr cuantan de dheòir mar bhròn air son cionta peacaidh? Cha bu leòr, ach beannaichte gu'n robh Dia, cha 'n 'eil e air iarraidh oirnn aithreachas no caoidh a dheanamh a réir tomhais àraidh. O anam a tha 'n a do dhìobarrach, earb thus á Iosa agus teàrnaidh e thu.

Ach gun a bhi leantainn na's fhaide air an t-seòrsa-sa, tha cuid eile ann tha 'n a fìor dhìobarrach, eadhon na's mò na iad so, a tha Iosa a' cruinneachadh—*muintir a' chùl-sleamhnaich*. So



## Do na Dìobarraich

muintir a tha air an cur a mach, agus sin gu cothromach, do bhrìgh an beatha mhi-naomh agus an cleachdadh neo-chubhaidh—muintir a dh'fheumas an eaglais a bhi meas mar bhuill ghalarach a dh'fheumar a ghearradh as—caoraich chloimh-each a tha sgaoileadh tinneis anns an treud—lobhair a dh'fheumar a chur a mach as a' champ. O sheachranaich, air d' iomsgarradh o'n eaglais, tha facal 's an t-soisgeul dhuitse cuideachd, eadhon do'n fhear a tha cùl-sleamhnachadh. Tha an Tighearna a' gairm air ais a chlann sheachranach. Ged a tha eaglais Chrìosd a' deanamh gu ceart ann a bhi cur a nach na muintir a tha cur eas-urram air ainm naomha, gidheadh bhiodh e as a' rathad dhi mur leanadh i eisimpleir a Tighearna ann a bhi 'g radh, “ Pill, O chlann a chùl-sleamhnaich.” Cha nì furasd impidh a chur air fear a' chùl-sleamhnaich pilleadh r'a cheud ghràdh. 'S ann an aghaidh an leothaid a tha an t-slighe air ais, agus cha toir fuil is feòl còmhnadh sam bith dhuinn anns an oidhirp. Tha iomadh iompachan ùr a' tighinn ach tha na seann seachranaich a' fuireach a muigh, agus tha iad a' deanamh sin air uairean a chionn gu bheil iad a' smaoinachadh nach e am beatha. Ach ma tha thu da-rìreadh a' gabhail aithreachas as a' ni a chuir a mach as an

## Deagh Mhisneachd

eaglais thu, bidh eaglais Chrìosd ro-dheònach gabhail riut ; agus ma's aon thu de chreidmheich an Tighearna, cha'n 'eil esan 'g ad dhi-chuimhneachadh ged a thug thu sal oirt fhéin. Tha cuimhne dhùrachdach aige ort fhathast, agus tha e a' guidhe ort a thighinn 'n a d'uile thruaillidheachd agus nighe ann am fuil na réite ; oir cha'n ann a mhàin air son choigreach, an uair a tha iad air an toirt am fagus an toiseach, a tha an tobair a dh' fhosgail e, ach "air son tigh Dhaibhidh agus luchd-àiteachaidh Ierusalem," air an son-san a fhuair eòlas air an Tighearna a chum gu 'm bi iad air an nighe gach là o'n eu-ceartan, agus air an glanadh o thruaillidheachd an cùl-sleamhnachaidh. Tha an Tighearna a' cruinneachadh na muinntir sin a tha air an toirt am braighdeanas le am peacaidhean, agus a' toirt dhaibh còmhnuidh a ghabhail a rìs ann an tìr an ionracais, agus tha e cruinneachadh thuige fhéin a chaoraich sheachranach gu léir.

Buinidh an ceann-teagasg le cinnt *dhaibh-san a bha gràdhachadh an Tighearna fad bhliadhnanachan, ach a tha air tuiteam fo bhròn mòr spioraid.* Tha sinn a tachairt an dràsda 's a rìs ri cuid de 'n t-sluagh as urramaich a tha aig Dia a tha tuiteam ann an slochd na mi-mhisneachd agus a tha cur seachad mios air a fad innte—seadh a' bhliadhna

## Do na Dìobarraich

air a ceann. Tha creidmhich ann a tha bho àm gu àm a' tuiteam ann an eu-dòchas, mar a bhios na h-eòin a' toirt gu tilgeadh nan itean, agus an uair a bhios iad fo 'n neul cha ghabh iad ri misneachd no comhfhurtachd. An sin tha iad a' sgrìobhadh nithean cruaidhe 'n an aghaidh fhéin agus 'g an sloinneadh fhéin air gach ainm as grainnde anns an Fhoclair, gus an toir iad gàire oirnn ag éisdeachd riu, agus fhios againn mar a tha iad air am mealladh. Tha sinne a' gabhail tlachd 'n an co-chumaidheachd ach tha iad fhéin a' caoidh os cionn an aimideis. Tha sinn a' faicinn am fialaidheachd ri aobhar Dhé agus an dìlseachd ris gach aobhar maith, agus gidheadh their iad fhéin nach 'eil ni maith air bith annta. Tha fhios againn c'àite bheil iad; oir bha sinn fhéin ann an iarunn agus air ar ceangal gu teann anns na dearbh stuic. Nach mòr an tròcair, an uair a tha sibhse aig a bheil gràdh do 'n Tighearna—sibhse, mo bhain-tighearna Mòr-fo-eagal, Mr Ullamh-gustad, Mr Inntinn-lag—a' suidhe agus a' comhlud-air ri 'ur n-eu-dòchas, nach 'eil mo Thighearna 'g 'ur fàgail, no toirt breith oirbh mar a tha sibh fhéin 'g 'ur meas fhéin, ach gur i thoil a bhi cruinneachadh 'n a thròcair a' mhuinntir a tha 'g am meas fhéin 'n an dìobarraich ann an Israel.

## Deagh Mhisneachd

Ach tha cuid eile ann a tha dol 'n an diobarraich le meud an gràidh do Chrìosd—*iadsan a tha fulang air sgàth fireantachd, gus a bheil iad air am meas mar anabas nan uile nì.* Cò a tha dìleas ann an seirbhis Dhé a chaidh as o dheuchainn fanoid an-ìochdmhor? Tha ainmean na muinntir a tha air thoiseach ann an nithean feumail mar bhall-iomain aig casan an t-saoghail an-diadhaidh. Cha 'n 'eil an saoghal airidh orra agus gidheadh tha an nàimhdean an dùil gur gann a tha iad airidh air a bhi beò anns an t-saoghal idir. Cha 'n 'eil sinn a' cluinntinn mòran mu gheur-leanmhuinn 's na làithean so, gidheadh tha làn saoghail dheth anns a' bheatha neo-fhollaiseach. Tha fuachd far an robh càirdeas aon uair. Tha nithean cruaidhe an-ìochdmhor air an labhairt far nach robh ach moladh aon uair, agus tha sgaradh a' tighinn eadar càirdean a mhàin air sgàth Chrìosd. Tha e fhathast fìor a thaobh a' chrìosduidh gur e nàimhdean duine muinntir a theaghlach fhéin. Ach ma tha thu 'n a do dhìobarrach air aghaidh na talmhainn air sgàth Chrìosd, tha so agad chum do chomhfhurtachadh, “togaidh an Tighearna Ierusalem, tha e cruinneachadh diobarraich Israeil.” Tha e deanamh a' mhuinntir a tha air an geur-leanmhuinn 'n am puist 'n a theampull naomh gu

## Do na Dìobarraich

siorruidh. Is beannaichte iadsan a tha 'n an diobarraich air son Chrìosd! Tha iad sin saoi bhir a fhuair mar urram cothrom fhaotainn a bhi bochd air a shon! Tha iad sin sona a fhuair an gràs so, cead eadhon am beatha a leigeil sìos air son Iosa Chrìosd!

II. A nis beagan fhacal air an darna ceann—  
DÉ AN SEADH ANNS A BHEIL CRÌOSD A' CRUINNEACHADH NAN DÌOBARRACH dhe gach seòrsa a tha so?

Tha iomadh dòigh aig an Tighearna Iosa air a bhi cruinneachadh nan dìobarrach.

Tha e 'g an cruinneachadh a chum *éisdeachd an t-soisgeil*. Searmonaich Iosa Chrìosd agus thig iad. Thig naoimh a tha 'n an diobarraich agus peacaich a tha 'n an dìobarrach mar an ceudna a dh'éisdeachd ri fuam binn an ainm bheannaichte. Cha 'n urrainn iad a leasachadh. Cha 'n 'eil ni eile tharruingeas mar a ni Iosa Chrìosd.

A ris tha Iosa Chrìosd 'g an cruinneachadh *d' a ionnsuidh* fhéin. Tha cosamhlachd na bannse air aithris a ris, “Rachaibh a mach chum nan roidean mòra agus nan gàraidhean agus co-éignichibh iad gu thighinn a steach a chum gu 'm bi mo thigh air a lionadh.” “Thugaibh a steach am bochd agus iadsan a tha leòinte, am bacach agus an dall.”

## Deagh Mhisneachd

Air an dòigh so tha an Tighearna Iosa Criosd a' cruinneachadh mòr-shluagh far a bheil e air a shearmonachadh gu cothromach. Tha e cruinneachadh a' h-uile seòrsa, agus gu h-àraidh na h-iomail, am measg dhaoine—muinntir a tha fo thàir aig daoine, agus fo thàir aca fhéin. Tha e 'g an cruinneachadh d'a ionnsuidh féin. Agus Oh! nach beannaichte an t-àite-falaich e—far a bheil glanadh o an cuid salchair, slàinte o an cuid galairean, còmhach o an cuid lomnochd, agus ullachadh saoihair fa chomhair am feuman ro-lionmhor. Tha e 'g an cruinneachadh d'a ionnsuidh féin—'s e sin gu Dia, gu sonas agus sith tre réite ris an Athair. “D'a ionnsuidh-san bidh cruinneachadh an t-sluaigh.”

Air dha sin a deanamh tha e 'g an cruinneachadh *do 'n teaghlach néamhaidh*. Tha e gabhail nan dìobarrach agus 'g an deanamh 'n an cloinn do Dhia—co-oighreachan maille ris féin. Tha e 'g an togail o 'n òtrach agus 'g an suidheachadh am measg phrionnsaibh. Tha e 'g an toirt o amar nam muc agus a' cur na fainne air am mèir agus nam brògan air an casan, agus tha iad a' suidhe aig bòrd an Athar chum feusd agus a bhi aoibhneach. Tha Iosa Criosd, mar am Buachaille maith, a' cruinneachadh nan caorach cailte—an fheadhainn

## Do na Diobarraich

bhacach agus ghalarach — agus tha e 'g am biadhadh, agus a' toirt orra luidhe sios, agus ag ùrachadh an anam, agus fa-dheòidh 'g an treòrachadh gu cluainibh glasa tìr na glòire.

'N a àm maith tha an Tighearna a' cruinneachadh nan diòbarrach a steach *do 'n eaglais fhaicsinnich*, mar a ghabh Daibhidh ainmean cuideachd dhaoine a bha fo fhiachan agus miriaraichte le 'n suidheachadh mar sin tha Iosa Criosd a' cruinneachadh na muinntir a tha fo fhiachan agus nach gabh rian, agus a' deanamh saighdeirean diubh; agus tha eòlas orra mar an eaglais fo h-armachd. Is cinnteach mar a rinn Daibhidh euchdan mòra leis na Peletitich, na Ceretitich, na Gitich agus daoine gallda de threubhan coimheach, gu 'n dean Iosa O Nasaret nithean mòra leis na peacaich mhòra dh' a bheil e toirt maitheanas mòr—na daoine cruaidh-chridh-each a tha e ag iompachadh cho iongantach agus 'g an deanamh 'n an Seann Fhreacadan dhe'n Arm aige. Thà—tha e 'g an cruinneachadh a steach dh' a eaglais agus tha e 'g an cruinneachadh a steach *g' a sheirbhis*. Tha e a' cur diobarraich Israeil gu feum a tha chum a ghlòire.

Agus air dha sin a dheanamh tha e 'g an cruinneachadh a steach *chum a néamh*. Nach mòr

## Deagh Mhisneachd

an t-iongantas a bhios ann do neach sam bith e fhéin fhaotainn air néimh, 's cuimhne aige air an ni a bha e aon uair. Gu 'n cuimhnicheadh an diobarrach suidheachan an tigh-osda, far an do shuidh e gus an do lion e e fhéin le deoch gus an do chuir e e fhéin na b' isle na bhrùid, ach a nis air a ghlanadh ann am fuil an t-Slànuighir, agus a bhi 'n a shuidhe còmhla ris na h-aingil—sin gràs iongantach dha-rìreadh. “Oh, bhi smaoin-eachadh” nach fhaodadh neach a radh, “gu 'm bidhinne, a bha aon uair an cuideachd luchd na neòghlain, salach 's air mo thruailleadh, a nis agus crùn air mo cheann agus 'n am shuidhe aig casan an t-Slànuighir!” Cha 'n 'eil mi dhe 'n bharrail, a bhràithrean, gu 'n di-chuimhnich sinn gu h-iomlan na chaidh seachad; agus theagamh air uairean gu 'm bris e steach oirnn mar chomhar iongantach néamhaidh air gràdh gu 'n tugadh Crìosd *sinne* a dh' ionnsuidh an àite ud, agus gu' n cuireadh e *sinne* am measg prionnsaibh a rìoghachd. Agus gidheadh sud an ni a tha rùn air a dheanamh. Bidh tusa ann an sud a Mrs Mòr-Eagal, agus thusa a tha smaoin-eachadh, “Is cinnteach gu 'n glac Satan mi”—thusa a tha tuisleadh air gach sràbh—thusa tha an cunnart tilleadh aig gach cladhan a tha romhad agus a tha an amharus



## Do na Diobarraich

's ag radh, “Is iongantach ma tha gràs idir 'n am chridhe,” agus a dh' aindeon sin tha thu gabhail romhad, “fann, ach a' sìor leantainn”—thusa tha beantainn ri iomall trusgan Chrìosd, ach aig a bheil cho beag a chreidimh 's gu bheil eagal ort nach 'eil creidimh idir agad—éiridh tu o do chaidh 's o do ghearain, o 'n eu-dòchas agus an éigin. Agus bidh òrain na taingealachd agus an aoibhneis air ceòl cho binn 's a bhios air néimh. Tha e a' cruinneachadh diobarraich Israeil.

III. Agus a nis DÉ AN LEASAN A THA SO A' TEAGASG? Tha mi saoil sinn gu bheil trì leasan ann, ach cha dean mi ach an ainmeachadh.

Tha an so *misneachd dhaibhsan a tha neo-airidh*, no *a tha 'g am meas fhéin mar sin, a thighinn gu Iosa* a nochd. Bha mi feuchainn ri cuimhneachadh air na h-uile as aithne dhomh, agus thog mi mo chridhe ris an Spiorad Naomh dh'fheuch an treòraich e mi chum misneachd a thoirt do chuid-eigin a tha an diobhail misnich. B' e mo rùn feasgar na sabaid a chaidh comhfhurtachd a thoirt do luchd a' chridhe bhrìste, agus tha e coltach nach d'fhuair mi mach as a' spiorad sin fhathast. Tha mi creidsinn gu bheil cuid ann an so a chuir Dia mi as an deidh a tha dha-rìreadh 'g am meas fhéin an taobh a muigh de chrìochan

## Deagh Mhisneachd

dòchais. Mo charaide ionmhuinn, ma tha Dia a' cruinneachadh nan dìobarrach c'arson nach cruinnicheadh e thusa? Agus ma tha e fìor nach ann ri maitheas a tha Iosa Crìosd a' sealltuinn, ach air peacadh agus truaighe c'arson nach sealladh e riutsa? Nach leig thu dhomh impidh a chur ort a dhol far a bheil mo Mhaighstir; agus ma theid thu far a bheil e le aideachadh air do neo-airidheachd, agus 'g a d' earbsa fhéin ris, agus nach tèarn e thu, bu mhaith leam fios fhaotainn air, oir is tu a' cheud neach a chuala mi riamh a thàinig 'g a earbsa fhéin ris agus a dhiult e. Ach cha thachair sin dhuit, ge b' e air bith do shuidheachadh no cho truagh 's a dh' fhaodas do chor a bhi. Tha thu smaoinichadh gu bheil do shuidheachadh na's miosa na rinn mise iomradh air agus tha thu an dùil nach 'eil e comasach dhomhsa fios a bhi agam air dé cho dona 's a tha thu. Faodaidh nach 'eil fhios agam air an dearbh dòigh-ceannairc anns a bheil thu beò, ach 's tu an dearbh dhuine tha mi ciallachadh air a shon sin. Tha mise ag radh riut ged a robh thu cho dubh ri ifrinn, cho grod ri breun-loch *Styx*, ged a pheacaich thu gus nach 'eil comas air do pheacaidhean àireamh, ged robh do chionta cho gràineil ann an sealladh Dhé 's nach

## Do na Dìobarraich

do thoill iad na's lugha na fearg shiorruidh, ma thig thu agus gu'n amhairc thu air na coig lotan ud, agus air a' cheann naomh ud a bha air a lot, agus air a' chridhe ud troimh 'n do chuir an saighdear an t-sleagh, gheibh thu saorsa. Tha beatha tre shealladh air Iosa chaidh a cheusadh. Nach feuch thu e? Cho cinnteach 's a tha facal Dhé fìor ma ni thu uiread 's gu 'n toir thu sùil air-san a "bhàsaich am firean an àite nan neo-fhìrean," bidh tu air do thoirt gu Dia agus air do dheanamh réidh, agus sin a nis—*a nis*—'s tu 'n a do shuidhe air an t-suidheachan sin, eadhon mu 'm bi am facal mu dheireadh dhe 'n t-searmon so air a labhairt: Oir ge b'e neach a chreideas ann teàrnar e. "Mar a thog Maois a' nathair anns an fhàsach is ann mar sin is éigin do mhac an duine bhi air a thogail suas, chum 's ge b'e neach a chreideas ann nach caillear e ach gu 'm bi a' bheatha shiorruidh aige." O nach creideadh tu ann an Iosa a nis! Bidh sinn a' seinn air uairean:

Earb-sa ris-san : earb gu h-iomlan,  
Earbsa eil' na leig ad chòir ;  
'S gun neach ach Ios'  
Ni feum do pheacach bochd is breòit.

Ach a pheacaich cuimhnich nach e earbsa gun

## Deagh Mhisneachd

chinnt a tha so. A cheart cho cinnteach 's a thilgeas tus thu fhéin air tha e deimhin gu 'n saor e thu. Cha chuir mi facail an lionmhorachd—ged a dheanainn sin na 'n saoilinn gu 'n tarruingeadh briathran thu. Tha mi guidhe air an Spiorad shiorruidh buaidh a chur gu ciùin timchioll air 'ur n-inntinn, a mhuinntir òga, a nochd—agus air seann daoine cuideachd, agus muinntir a tha mu mheadhon aois mar an ceudna—a chum toirt oirbh sgur a bhi deanamh ni sam bith, no a bhi ni sam bith, a chum sibh fhéin a theàrnadh, agus fios a bhi agaibh gu'n robh an t-iomlan air a dheanamh an uair a dhòirt Iosa fhuil agus a bhàsaich e—gu'n robh an t-iomlan crìochnaichte an uair a ghlaodh e “tha e crìochnaichte,” agus nach 'eil agad ach gabhail le creidimh ris a ni a tha e tairgse dhuit, agus gabhail ris fhéin mar na h-uile agus anns na h-uile. Gu'n cuidicheadh Dia thu gu sin a dheanamh !

Tha rìs an-leasan so againn : *An gràdh bu chòir a bhi againn do Iosa Crìosd, ma ghabh e ruinn an uair a mhothaich sinn sinn féin 'n ar dìobarraich !* Tha e chum ar maith a bhi toirt sùil air an t-sloc as an do bhuaineadh sinn. Tha sinn air uairean 's ar ceann gu maith àrd a bhràithrean. Tha sinn iongantach mòr asainn féin, nach 'eil?

## Do na Diobarraich

Nach criosduidhean sinn a tha eòlach ann am féin-fhiosrachadh? Nach 'eil a nis còig bliadhna fichead o fhuair sinn eòlas air an Tighearna? A dhuine! nach sinn féin a thà urramach! Agus 's dòcha gu bheil sinn, 'n ar deaconan ann an eaglaisean, no, co-dhiùbh, gu bheil clas againn anns a' sgoil-shàbaid, agus theid sinn an ceann ùrnuigh anns a' choinnimh: buinidh inbhe mhòr dhuinne agus air an aobhar sin cò ach sinne! Ah! chuala mi mu dhuine a b'fhiach na miltean ach a bha aon uair cho bochd 's nach robh léine aige chuireadh e air a dhruim, agus na 'm biodh cuimhne aige air an inbhe as an d'thàinig e nach biodh e giùlan a chinn cho àrd. Cha 'n 'eil mise faicinn mòran ann an sin, ach tha mi faicinn ni-eigin an so—na 'm biodh cuimhne againne air an uair a bha sinn marbh ann an eu-ceartaibh agus ann am peacaibh, an uair nach robh luideag againn a chomhdaicheadh sinn, an uair a bha sinn fo dhiumbadh Dhé, agus a bha sinn 'n ar n-oighreachan air feirg, eadhon mar chàch—na 'm biodh cuimhne againn air ar staid chailte thruagh a thaobh nàduir—tha mi cinnteach nach togadh sinn ar cinn cho àrd, agus nach biodh sinn a' dùileachadh modh sonruichte anns an eaglais, agus nach biodh sinn a' smaoinichadh nach bu

## Deagh Mhisneachd

chòir do Dhia a bhi buintinn cho ro chruaidh ruinn, mar gu 'm biodh againn aobhar gearain. A chàirdean ionmhuinn, cumamaid cuimhne air a ni a bha sinn agus cumaidh sin iosal sinn 'n ar barail féin. Ach Oh! mar a lionas e sinn le eud air a shonsan ma chumas sinn cuimhne air an doimhneachd as an do thog a sinn. An do shaor Iosa truaghan mar a bha mise? Ma shaor, nach bidhinn beò dha agus nach bàsaichinn air a shon? B'e so bu chòir a bhi mar chainnt againn gu léir. Bu chòir dhuinn a bhi beò anns an spiorad sin. Gu 'n deònaicheadh Dia gu 'm bi!

Agus a ris, is còir duinn an còmhnuidh a bhi dhe 'n inntinn so: *Ma thog an Tighearna Iosa Criosd suas sinne an uair nach b'fhiach sinn gabhail ruinn cha chòir duinne a chaoidh nàire a bhi oirnn oidhirp a dheanamh air feadhainn eile a thogail a tha anns an dearbh shuidheachadh anns an robh sinne.* Cha mheas sinn e 'n a isleachadh sam bith air ar n-inbhe a dhol as deidh an fheadhainn a b'isle a thuit dhe na h-uile. Cha mheas sinn gu bheil iad na's miosa na bha sinn féin, le bhi beachdachadh oirnn ann an sealladh àraidh, agus mar sin ni sinn a h-uile h-oidhirp dh'fheuch an iompaichear iad, 's bidh

## Do na Dìobarraich

dòchas againn ris, bidh dùil againn ris. Tha an leasan sin ro-fhreagarach air son cuid de chriosduidhean a tha làthair. A bhràithrean agus a pheathraichean ionmhuinn, ma 's e 'ur mothachadh dha-rìreadh gu 'n robh sibh 'n 'ur dìobarraich, agus gidheadh gu 'n ghabhadh sibh a steach gu bhì 'n 'ur buill de 'n teaghlach néamhaidh, agus gu bheil sibh a nise air an t-slighe gu néimh tha mi guidhe oirbh sibh a thoirt an aire as dùrachdaich do neach sam bith a thachras ruibh a tha anns an t-suidheachadh 'san robh sibh féin uair-eigin. Ma thachras sibh ri neach sam bith a tha ann an eu-dòchas mòr anam, abraibh, "Ah, feumaidh mise comhfhurtachd a thoirt ann an so, oir chaidh mise mi féin troimh 'n dearbh fhaireachdan, agus cha leig mi as an t-anam bochd so a chaoidh gus an toir mi misneachd dha, le comhnadh Dhé." Ma thachras sibh ri neach a tha 'n a pheacach follaiseach, theagamh gu 'm bi agad ri radh, "bha mise mi fhéin 'n am pheacach follaiseach," ach mur a bi, abair, "bha mo pheacadh-sa na bu dhìomhair, ach gidheadh bha e cho dubh ri pheacadh-san, agus uime sin tha dòchas agam dhe'n anam bhochd so, agus nì mi dìchioll dh'fheuch an tarruing mi e le gràdh gu Criosd. Thoir an aire do m'fhacal. "An tarruing mi e

## Deagh Mhisneachd

le gràdh,” oir 's e so an cumhachd a dh'fheumas sinn a chleachdadh — feumaidh peacaich a bhì air an tarruing gu Crìosd le gràdh. Tha an Spiorad naomh a' deanamh feum de ghràdh nan naoimh gu bhì tarruing peacaich bhochda gu eòlas fhaotainn air gràdh Chrìosd. Lorgaibh a mach iad agus na leigibh leò bàsachadh 's a dhol a dhìth. Gu 'n cuireadh Dia an rùn so 'n 'ur n-anam — “Ma tha nì air bith as urrainn mi dheanamh ann an ainm Iosa, agus le cumhachd an Spioraid Naoimh orm, a dh'fhaodadh a bhì 'n a mheadhon air an anam ud a theàrnadh nì mi e; agus ma theid an t-anam ud a dhìth, an uair a chluinneas mi an glag 's an dol seachad 's urrainn mi radh, 's Dia 'g am chòmhnadh, ‘Chuir mi Crìosd fa chomhair an anam ud. Rinn mi tagar ris a' choguis ud. Rinn mi dìchioll air an anam ud a thoirt gu Iosa.’”

Bu chòir do 'n dìobarrach, an deidh dha bhì air iompachadh, a bhì ag iarraidh a cho-dhìobarrach a chosnadh. A dhuine òig, an robh thu ri mionnan riamh? Dean dìchioll ri luchd-na-mionnan iompachadh. A dhuine òig, an robh tlachd agad ann am bord nan cairtean? Am b' àbhais duit a bhì tadhal àitean iosal nan ana-miann? Ma b'eadh tionndaidh thu féin ris an



## Do na Dìobarraich

oidhirp a bhi cosnadh de sheana chompanach, agus daoine a bha ciontach de 'n aon seòrsa caithe-beatha. Tha Seorus *Whitefield* ag radh gur e a' cheud chùram a bha air an deidh a bhi air iompachadh a bhi strith air son iompachadh nam muinntir a bha 'n an companaich aige anns a' pheacadh; agus fhuair e a shochair agus a dh'aoibhneas a bhi faicinn mòran dhiubh air an toirt gu Criosd. Am bu duine thu a bha toirt do bhibeò á ceannachd, agus an robh companachas agad ri muinntir eile anns an eucoir? Is e dleasan nàdurach a tha ann, a tha Criosd a' cur mar fhiachaibh air gach seòrsa, gu 'n lorgadh iad a mach an seòrsa fhéin, agus gu'n deanadh iad saothir ann a bhi 'g an toirt gu aithreachas.

Gu 'm beannaicheadh Dia sibh a luchd mo ghràidh. Cha 'n fhada gus am bi sinn ann an néimh. Tha mi faicinn cuid ann an so a nochd, a réir cùrsa nàduir, nach urrainn gu 'm bi e fada gus an teid iad a steach do ghlòir Chrìosd; agus cha 'n 'eil fhios aig cuid eile againn, 's sinn ann an dith-slàinte, dé cho fada 's a bhios e gus am faic sinn aghaidh Fear ar gràidh. Ach their sinn mu dheighinn a nochd gur Slànuighear beannaichte e, agus gu 'm feumadh gu 'n robh gràdh neo-chriochnach aige mu 's foillsicheadh e

## Deagh Mhisneachd

e fhéin do leithid 's a tha sinne ann. Oh,  
c' uin a gheibh sinn faisg air agus a ni sinn aoradh  
dha gu saoghal nan saoghal? Na dean moille, O  
Fhir ar gràidh!

PRINTED BY  
OLIVER AND BOYL  
EDINBURGH, SCOTLAND



'S e Dia as tearmunn duinn gu beachd,  
Ar spionnadh e 's ar treis:  
An aimsir carraid agus teinn,  
Ar cobhair e ro dheas.  
Mar sin ged ghluaist' an talamh tròm,  
Cha 'n aobhar eagail duinn:  
Ged thilgeadh fòs na sléibhte mòr'  
Am builsgein fairg' is tuinn.—*S. xli. 1-2.*

Fa chùis an uamhais anns an oidhch'  
Cha bhi ort geilt no sgàth;  
No fòs fa chùis na saighde bhios  
A' ruith air feadh an là:  
Cha bhi maoin eagail ort roimh 'n phlàigh  
Tha triall an dorchadas:  
No fòs fa chùis an uilc a bhios  
Mu mheadhon là ri sgrios.—*S. xci. 5-6.*

Is treise Dia ta chòmhnuidh shuas  
Na fuaim nan uisge garbh';  
Is treise Dia na sumainnean,  
Is tonna cuain gu dearbh.—*S. xcii. 4.*

“**N** UAIR a rinn a' Roinn-Eorp' bagairt a' dheanamh air na h-eileanan so, bhitheadh e 'na mhasladh air treubhantas mic fhoghainteach Bhreatuinn mur a d' éirich iad mar aon duine a' dhion an dùthaich mhàthaireil. . . .

Oir tha araon ar Rìgh agus ar tìr ro-airidh air cathachadh as an leth, agus cha b'e ach an dubh-ghealtair nach doirteadh fhuil gu toileach air an sgáth. . . .

'N uair tha eud an t-saighdeir 'na theine le gràdh tìr' is teach', cha'n'eil crìochan aig dànachd a spioraid, agus cha'n'eil beart arma ris nach sìn e làmh. . . .

Is fìor rogha òigridh ar duthcha saor-shaighdeirean ar Rìgh, agus cha'n'eil an coimeas an arm tìr air bith. Bu choir “Tìr nam beann's nan gleann,” bhì na “Tìr nan gaisgeach.” . . .

'S ann le bhì gu cinnteach air taobh Chrìosd bhithear neo-sgàthach anns a' chath. Bitheadh a Cheannard 'na chridhe agus cha bhì crìth ann an gàirdean an t-saighdeir. Na bitheadh crùbadh bho'n chòmhrag, oir tha beatha a' Chrìosduidh tèaruint agus tha 'bhuidh cinnteach. Roimh dha dhol 's a' chath tha bheatha ann an gleidheadh Dhé. Iadsan bheir buaidh troimh an Uan bithidh orra crùn na glòire, agus bithidh slainte naomhachd fhoirfe aca. Dhealaich iad ri 'n dòghruinn anns a' bhuidh, agus bithidh sonas bith-bhuan 'nan cridheachan agus aoibhneas sìorruidh air an cìnn 'n uair a shiubhlas iad a stigh gu fois agus àrd-shonas agus glòir tigh an Athar.”

*Dr Ceanaideach*

*bha'n Inbhir pheofharan.*









